

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at rodgy.maclean@bbc.co.uk **

Tha mi an dòchas gum bi feadhainn agaibh eòlach air an iasg, a bhios iasgairean a’ glacadh nuair a tha iad a’ tràladh air grunn na mara, ris an canar “mac-làmhaich”. ’S e iasg grànda a th’ ann, ach tha fheadhail glè bhlasta.

Tha a bheul uabhasach mòr, agus tha ball-bodhaig air, os a chionn, a tha a’ tarraing èisg bheaga faisg air na fiaclan biorach aige. ’S e iasgair mealltach a th’ anns a’ mhac-làmhaich, anns an aon dòigh ’s a tha daoine mealltach nuair a ghlacas iad bradain le cuileagan fuadain. Air sgàth sin, canar *angler fish* ris ann am Beurla, ged a tha ainm cumanta eile ann cuideachd – *monkfish*.

Bha mi a-riamh airson faighinn a-mach carson is e *mac-làmhaich* a th’ air. Tha an t-ainmear *làmhach* a’ ciallachadh a bhith a’ cleachdadh ball-airm is tha *luchd-làmhaich* a’ ciallachadh *artillerymen* neo *bowmen* neo *slingmen*. Tha làmhach cuideachd a’ ciallachadh *the act of gleaning*. Uill, ’s dòcha gu bheil ciall aig na dhà dhuibh sin, nuair a smaoinichas tu air an dòigh ’s a tha an t-iasg seo a’ tighinn beò aig grunn na mara.

Ach, bha mi a’ leughadh seann leabhar an là eile, a thug mìneachadh eile seachad. Bha e air a sgrìobhadh leis an Urramach Alasdair Stiùbhart nach maireann, a sgrìobh fon ainm-pinn *Nether Lochaber*. Bha esan dhen bheachd gur e *mac-làthaich* a bh’ ann bho thùs, a’ ciallachadh *the son, or inhabitant, of the mud*, oir ’s e sin, gu dearbh, an seòrsa àite ’s a bheil a leithid a’ tighinn beò. Bidh e leth-fhalaichte anns an làthaich, neo *làghaich*, mar a chanas iad ann an cuid de dh’àiteachan, agus e a’ feitheamh gu foighidneach airson èisg bheaga.

Thàinig Mgr Stiùbhart tarsainn air mac-làmhaich air a’ chladach ann am badeigin ann an Loch Abar anns a’ gheamhradh, ochd ceud deug, seachdad ’s a h-aon (1871). Agus cha b’ e fear beag a bh’ ann. Bho cheann a-mach a bheòil gu bonn earbail, bha e còig troighean is seachd òirlich a dh’fhaide, agus bha am ministear dhen bheachd gur e a bh’ ann an t-iasg a bu ghràinde a chunnaic e a-riamh. Chuir e snèap a bha cho mòr ri ceann duine na bheul gu furasta.

Bha mi uaireigin ag obair do chompanaidh Albannach a bha a’ cur maoraich a-null thairis, agus thachair mi ri fear turas a bh’ air a bhith a’ dràibheadh làraidhean làn èisg. Ach cha b’ urrainn dha dhràibheadh tuilleadh air sgàth ’s gu robh e air pàirtean de na corragan aige air aona làimh a chall. Bha e anns an Fhraing, agus dh’fhosgail e dòrsan-deiridh na làraidh. Thuit bocsa a-mach air, agus bhris e. Ghlac an dràibhear an t-iasg – ’s e mac-làmhaich a bh’ ann – agus chaidh bioran, a bha a’ stobadh a-mach à cnàmh-droma an èisg, a-steach gu feòil

a làimhe. Tha e coltach gu robh puinnsean neo bhìoras ann, oir bha a làmh air a puinnseanachadh gu goirt.

Tha beul air coltach ri mac-làmhaich. Sin abairt Ghàidhlig a bhios feumail airson iomradh a dhèanamh air cuideigin aig a bheil beul mòr neo a bhios a' bruidhinn cus. Tuigidh sibh nach eil e uabhasach modhail!

Tha ainm neo dhà eile air a' mhac-làmhaich ann am Beurla, mar eisimpleir *fishing-frog* agus *sea devil*. Agus tha mi eòlach air ainm eile air ann an Gàidhlig, ach chan urrainn dhomh a mhìneachadh. 'S dòcha gum bi smuain agaibh fhèin air a sin. Gheibh sibh lorg air, agus air dealbh dhen iasg, ann am faclair Dwelly air taobh-duilleig còig ceud, is còig ar fhichead (525). Chun na h-ath sheachdain, beannachd leibh.

* * *

Faclan na seachdaine: ball-bodhaig: *bodily organ*; nach maireann: *deceased*; ainm-pinn: *pen-name*; leth-fhalaichte: *half-hidden*; gu foighidneach: *patiently*; badeigin: *somewhere*; a bu ghràinde: *ugliest*; snèap: *turnip*; dorsan-dèiridh: *rear doors*.

Abairtean na seachdaine: nuair a tha iad a' tràladh air grunn na mara: *when they are trawling on the seabed*; 's e iasg grànda a th' ann, ach tha fheòil glè bhlasta: *it is an ugly fish, but its meat is quite tasty*; a tha a' tarraing èisg bheaga faisg air na fiaclan biorach aige: *which attracts small fish close to its mouth*; anns an aon dòigh 's a tha daoine mealltach nuair a ghlacas iad bradain le cuileagan fuadain: *in the manner in which people are deceitful when they catch salmon with artificial flies*; an dòigh 's a tha an t-iasg seo a' tighinn beò: *the way in which this fish lives*; a thug mìneachadh eile seachad: *which gave another explanation*; bho cheann a-mach a bheòil gu bonn earbail: *from the end of his mouth to the tip of his tail*; a bha a' cur maoraich a-null thairis: *that was exporting shellfish*; chaidh bioran, a bha a' stobadh a-mach a cnàmh-droma an èisg, a-steach gu feòil a làimhe: *a spine, which was sticking out of the fish's backbone, went into the flesh of his hand*; tha e coltach gu robh puinnsean neo bhìoras ann: *it appears that there was poison or a virus in it*; bha a làmh air a puinnseanachadh gu goirt: *his hand was badly poisoned*.

Puing ghràmair na seachdaine: taobh-duilleig còig ceud is còig ar fhichead: *on page 525*. *There is a tendency among some learners, and even among some young native speakers today to lenite ceud all the way up from dà cheud (correct) to naoi ceud (wrong). In some modern text books you will be told to cease lenition after dà cheud, continuing with tri ceud, ceithir ceud etc but I am very uncomfortable with this, perhaps because I was taught to count in hundreds by a conservative teacher who was adamant that the lenition of ceud continues to 400 but not beyond, ie ceud, dà cheud, trì cheud, ceithir ceud, còig ceud, sia ceud, seachd ceud, ochd ceud, naoi ceud, mìle. So I did some research in old grammar books (Gillies, MacFarlane and Calder) and found that they all agree on this matter ie that ceud is lenited by aon, dhà, trì and ceithir but not by numbers above. This is most certainly still adhered to by older speakers in strongly Gaelic-speaking communities, and I would suggest that learners also follow the rule. The reason, given by Calder, is that ceud was a neuter noun in old Gaelic and that trì and ceithir lenited neuter nouns.*

Seanfhacal na seachdaine: Tha beul air coltach ri mac-làmhaich: *he has a mouth on him like an angler fish (ie big!)*.

* "Litir do Luchd-Ionnsachaidh" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig